

UHI Research Database pdf download summary

A bheil i beò fhathast?

Armstrong, Timothy Currie

Published in:
Litreachas, Eachdraidh & Cànan: Rannsachadh na Gàidhlig 7
Publication date:
2020

The re-use license for this item is:
CC BY

The Document Version you have downloaded here is:
Peer reviewed version

[Link to author version on UHI Research Database](#)

Citation for published version (APA):
Armstrong, T. C. (2020). A bheil i beò fhathast? A' Ghàidhlig mar chànan lionraidh anns an aonamh linn air fhichead. In S. Kidd, T. Clancy, & R. Ó Maolalaigh (Eds.), *Litreachas, Eachdraidh & Cànan: Rannsachadh na Gàidhlig 7*

General rights

Copyright and moral rights for the publications made accessible in the UHI Research Database are retained by the authors and/or other copyright owners and it is a condition of accessing publications that users recognise and abide by the legal requirements associated with these rights:

- 1) Users may download and print one copy of any publication from the UHI Research Database for the purpose of private study or research.
- 2) You may not further distribute the material or use it for any profit-making activity or commercial gain
- 3) You may freely distribute the URL identifying the publication in the UHI Research Database

Take down policy

If you believe that this document breaches copyright please contact us at RO@uhi.ac.uk providing details; we will remove access to the work immediately and investigate your claim.

A bheil i beò fhathast?

A' Ghàidhlig mar chànan lìonraidh anns an aonamh linn air fhichead

Timothy Currie Armstrong

Soillse, Sabhal Mòr Ostaig

Rannsachadh na Gàidhlig 7

It remains unclear why some attempts at language revitalization succeed, whereas others fail. What is clear is that the process is profoundly political (Walsh 2005, 293).

Gu traidiseanta, thuigte gun robh saoghal na Gàidhlig ann an Alba air a roinn ann an dà leth, leis a' Ghàidhlig ga bruidhinn mar chànan coimhearsnachd, mar *lingua franca*, air a' Ghàidhealtachd agus anns na h-Eileanan, agus mar chànan lìonraidh am measg *diaspora* nan Gàidheal air iomall na Gàidhealtachd agus air a' Ghalltachd, ach tron fhicheadamh linn, chaidh coimhearsnachdan-labhairt na Gàidhlig tro atharrachadh bunasach, agus tha an t-atharrachadh sin a' tighinn gu buil an-dràsta. Tha a' Ghàidhlig a' caochladh gu luath bho chànan coimhearsnachd gu cànan lìonraidh air feadh na dùthcha. Rinn Iain Mac an Tàilleir sgrùdadh mionaideach air na figearan bhon chunntas-sluaigh ann an 2001 agus sheall e nach robh ach 3,510 de labhraichean na Gàidhlig a' fuireach ann an sgìrean far am bite an dùil gum biodh a' Ghàidhlig ga cleachdadh mar chànan gnàthasach na coimhearsnachd (sgìrean beaga aig, no os cionn, 75% de labhraichean na Gàidhlig). Sin 3,510 a-mach à 58,652 de labhraichean uile gu lèir, neo dìreach 6% (Mac an Tàilleir 2010). O chionn ghoirid, rinn Mac an Tàilleir an aon sgrùdadh air na figearan bhon chunntas-sluaigh ann an 2011, agus lorg e gun robh an àireamh de labhraichean a bha a' fuireach ann an sgìrean aig no os cionn 75% de labhraichean na Gàidhlig air tuiteam gu 364 daoine, no dìreach 0.63% de labhraichean na Gàidhlig uile gu lèir (Mac an Tàilleir 2014). Fiù 's anns na sgìrean Gàidhlig as treasa a tha air fhàgail againn, tha e soilleir gu bheil a' Ghàidhlig a' caochladh gu cànan lìonraidh gu luath. Rinn Gillian Munro agus an sgioba aice rannsachadh ann an Siabost air taobh siar Leòdhais ann an 2010, agus sheall iad gun robh daoine fo aois leth-cheud agus fileanta anns a' Ghàidhlig a-nis nam mion-bhuidhinn anns a' choimhearsnachd sin, ged a bha, uile gu lèir,

66% dhe na h-inbhich ann an Siabost fileanta anns a' Ghàidhlig fhathast. (Munro 2011, 5; faic cuideachd, MacKinnon 2011)

Tha an t-atharrachadh seo a' toirt dhuinn ceistean, mar rannsaichean, luchd-poileasaidh agus iomairtichean: Am mair a' Ghàidhlig beò mar chànan lìonraidh anns an àm ri teachd? Agus ma mhaireas, ciamar a thèid lìonraidhean Gàidhlig a neartachadh? Cò na dùbhlanan structarach, agus a cheart cho cudromach, cò na dùbhlanan ideòlach a tha ron ath-bheothachadh mar thoradh air an atharrachadh seo? Agus air cùl nan ceistean ro-innleachdail seo, tha ceistean nas bunasaich ann: Dè th' ann an cànan beò? Ma chaochlas a' Ghàidhlig mar chànan coimhearsnachd air feadh na h-Alba, am bi i fhathast beò ann an riochd lìonraidh?

Ann an 2010–11, rinneadh agallamhan le luchd-ionnsachaidh dualchasach na Gàidhlig, neo *heritage learners*. Thèid luchd-ionnsachaidh dualchasach a mhìneachadh ann an diofar dhòighean le diofar rannsaichean, ach an seo, thathas a' ciallachadh dhaoine le pàrantan no le seann phàrantan aig an robh a' Ghàidhlig, agus a chuala a' Ghàidhlig gu h-ìre air choreigin anns an teaghlach, agus is dòcha, anns a' choimhearsnachd nuair a bha iad òg. Bhruidhinn cuid dhe na h-agallaichean a' Ghàidhlig mar chloinn, ach cha do ràinig gin dhiubh fileantachd abaich anns a' Ghàidhlig, agus bha aca ris a' Ghàidhlig ionnsachadh no ath-ionnsachadh mar inbhich. Cha do bhruidhinn cuid eile a' Ghàidhlig nuair a bha iad òg, ach chuala iad a' Ghàidhlig, bho chòmhradhean làitheil gu corra abairt no facal aig a' char a bu lugha. Tha an luchd-ionnsachaidh dualchasach seo inntinneach a chionn 's gu bheil iad suidhichte air iomall saoghal na Gàidhlig ann an iomadh dòigh. A thaobh comais agus a thaobh fèin-aithne, tha iad suidhichte eadar fìor luchd-ionnsachaidh agus labhraichean dùthchasach. Cuideachd, cha robh ach aonan dhe na h-agallaichean a' fuireach ann an sgìre làidir Ghàidhlig anns na Eileanan Siar aig àm an rannsachaidh. Bha an còrr a' fuireach air a' Ghàidhealtachd neo anns na h-Eileanan, ach ann an sgìrean far an do chrìon a' Ghàidhlig, neo air a' Ghalltachd agus ann am bailtean mòra na h-Alba. Ach dh'aithris iad uile gun robh iad air am fighe ann an lìonraidhean Gàidhlig gu h-ìre air choreigin agus gum bruidhneadh iad a' Ghàidhlig nam beatha làitheil. Anns an aiste a leanas, cleachdaidh mi dàta bho na h-agallamhan seo mar eisimpleirean de chleachdadh-cànain agus de dh'ideòlas-cànain ann am meòrachadh air a' Ghàidhlig mar chànan lìonraidh anns an aonamh linn air fhichead. Tagraidh mi gu bheil sinn a' dèanamh dà rud riatanach ann an ath-leasachadh na Gàidhlig: gu bheil sinn a' cruthachadh shuidheachaidhean ùra far am feumar a' Ghàidhlig a chleachdadh; agus gu bheil sinn a' daingneachadh a' cheangail eadar fèin-aithne Ghàidhlig agus cleachdadh na Gàidhlig fhèin, seach cineal neo sinnsireachd. Cuiridh an dà ghnìomh seo

dùbhlannan structarach agus ideòlach ron ath-bheothachadh, agus beachdaichidh mi air ciamar a thèid am freagairt.

Annas a' chumantas, cha robh eachdraidh-bheatha chànanach nan agallaichean dìreach idir agus mhìnich iad gun robh an dàimh aca ris a' Ghàidhlig an dà chuid amalach agus caochlaideach. Aig diofar linntean nam beatha, theann iad na bu dlùithe ris a' Ghàidhlig neo chuir iad an cùl ris a' Ghàidhlig, agus bhon t-sealladh againne, a' beachdachadh air beothalachd lìonraidhean Gàidhlig, tha e inntinneach faighneachd, aig diofar amannan, cò na factaran a phut na labhraichean air falbh bhon Ghàidhlig, agus cò na factaran eile a bha gan tàladh air ais chun na Gàidhlig. Ma tha sinn ag iarraidh cleachdadh na Gàidhlig a thuigsinn anns an aonamh linn air fhichead, agus ma tha sinn ag iarraidh lìonraidhean na Gàidhlig a neartachadh, mholainn gur iad seo na seòrsa cheistean a bu chòir dhuinn faighneachd: carson a thèid labhraichean a sgaradh bho lìonraidhean Gàidhlig aig amannan agus carson a thèid am fighe nas doimhne a-steach ann an lìonraidhean Gàidhlig aig amannan eile?¹ Mar a sgrìobh Suzanne Romaine, 'I think that we know much more about [language] shift than about reversing it' (2006, 442) agus tha sin gu sònraichte fìor a thaobh na Gàidhlig. Tha fada a bharrachd tuigse againn air na h-adhbharan air cùl crìonadh na Gàidhlig na th' againn air na h-adhbharan a thig cuid air ais dhan Ghàidhlig. Mar sin, an seo, tha mi ag iarraidh coimhead gu sònraichte air dè thug air an luchd-ionnsachaidh dhualchasach tighinn air ais dhan Ghàidhlig mar inbhich, agus cuiridh mi a' phrosbaig air dà adhbhar-tàlaidh: gun deach cuid an sàs ann an suidheachaidhean far an robh bruidhinn na Gàidhlig na gnàths, agus gun do dh'aithris cuid eile gun do dh'ionnsaich iad a' Ghàidhlig a-rithist a chionn 's gun robh i cudromach dhaibh air adhbhar fèin-aithne.

Nuair a mhìnich na h-agallaichean mar a chleachdadh iad a' Ghàidhlig nam beatha, mhìnich iad na lìonraidhean de labhraichean anns an robh iad suidhichte, ach cuideachd, rinn cuid iomradh air làraichean-cleachdaidh cudromach, làraichean far an deach a' Ghàidhlig a bhruidhinn, làraichean far am b' urrainn dhaibh a' Ghàidhlig a thogail neo an comasan Gàidhlig a leasachadh, agus làraichean sòisealta far an do thachair iad ri labhraichean na Gàidhlig eile. B' e àiteachan-obrach a bh' ann am mòran dhe na làraichean seo, ann am foghlam no anns na meadhanan, agus àiteachan-obrach Gàidhlig eile cuideachd. Mar eisimpleir, mhìnich an t-agallaiche a leanas gun robh an obair aice ann an sgoil-àraich gu sònraichte cudromach ann an leasachadh a comasan Gàidhlig:

¹ Ann an co-theacsa Gàidhlig na h-Èireann, rinn Walsh agus O'Rourke sgrùdadh air ceistean cosmhail ri seo, a' cleachdadh a' bhun-bheachd, *muda*, no linn chudromach ann am beatha labhraichean ùra nuair a theannas iad nas dlùithe dhan Ghàidhlig no nuair a chuireas iad an cùl ris a' chànan (2014).

It's like a Gaelic immersion ... you've got no English whatsoever. And [my co-workers] refused to even speak English to me, and if I didn't understand what they were saying first off, they would just keep going until I did understand.

Mhìnich an t-agallaiche gun robh bruidhinn na Gàidhlig na gnàths anns an àite-obrach, gun robh poileasaidh-cànain làidir aig an sgoil-àraich, agus gun dìonadh an luchd-obrach eile an gnàth Gàidhlig, gun do dhiùlt iad Beurla a bhruidhinn rithe. Dh'aithris an t-agallaiche gun do leasaich i a cuid Gàidhlig mar chànain còmhraidh fon phoileasaidh-chànain làidir seo agus gun do thog i misneachd mu bhruidhinn na Gàidhlig le inbhich eile anns an làraich seo. Tha obair ideòlach mar seo – stèidheachadh agus dìon ghnàthan Gàidhlig ann an làraichean-cleachdaidh ùra – gu sònraichte cudromach do neart na Gàidhlig ann an lìonraidhean-labhairt, ach tha an obair seo tric connspaideach agus doirbh. Mhìnich an t-agallaiche a leanas mar a thug greis obrach aig tè dhe na companaidhean aig Iain Noble buaidh oirre:

[Iain Noble believed that] if you want to kind of keep going around here then you sort of owe it to the place to learn a bit [of Gaelic]. He wasn't really for making excuses to why you've not learnt it, he was just like, 'You will learn a bit.' And to be honest I'm glad, now I'm glad. And you know, I think some people did used to get really angry with him for being like that, but in a way, to an extent, he was right.

Mhìnich an t-agallaiche gun do thog i a' Ghàidhlig agus gun do thòisich i a' bruidhinn na Gàidhlig gu h-ìre mhòir mar thoradh air an ideòlas chànain làidir a chuir Iain Noble air adhart anns na companaidhean aige, ach gun robh an t-ideòlas sin na adhbhar-connspaid am measg cuid. Nuair a thèid gnàthan Gàidhlig làidir a chur air adhart ann an làraichean-cleachdaidh ùra, tha an cunnart ann gun tuig daoine bhon taobh a-muigh gu bheil luchd-iomairt na Gàidhlig a' sparradh na Gàidhlig air labhraichean aona-chànainach na Beurla. Agus aig a' cheart àm, tha dùbhlann ideòlach ann a thig bho thaobh a-staigh saoghal na Gàidhlig, gu bheil na làraichean ùra seo ann an dòigheigin mì-nàdarra. Mheas an t-agallaiche a leanas gun do chuir e fhèin agus a cho-aioisean an cùl ris a' Ghàidhlig mar àrd-sgoilearan a chionn 's nach robh co-theacsa mì-fhoirmeil nàdarra aca taobh a-muigh na sgoile far am bruidhneadh iad a' Ghàidhlig:

because there wasn't a context ... there wasn't a context to be speaking it in, a natural context to be speaking it in. And so it somehow seemed a bit unnatural and, yes, something to be left behind.

Cuideachd, leis cho meadhanach 's a tha cànan ann an cruthachadh fèin-aithne, chan e iongnadh a th' ann gun do dh'aithris cuid dhe na h-agallaichean gun tàinig iad air ais chun na Gàidhlig a chionn 's gun do mheas iad gun robh bruidhinn na Gàidhlig cudromach mar chomharra air am fèin-aithne ann an seagh air choreigin. Mar eisimpleir, mhìnich an t-agallaiche a leanas gun robh e gu sònraichte cudromach dhi gum biodh a' Ghàidhlig aig a cuid cloinne:

Well you see for me I always wanted my children to be Gaelic speakers. That was a huge thing because I hadn't been one you know and to my mind, how can you be a Scot, how can you be a Gael, how can you understand the mountains, how can you understand the songs if you're not a Gaelic speaker? So that is very much, that is on my top list of things in my life. [What] I wanted to do was, if I had children, I wanted them to be Gaelic-speaking, you know.

Rinn an t-agallaiche seo ceangal soilleir eadar a' Ghàidhlig agus, an dà chuid, fèin-aithne nan Gàidheal agus fèin-aithne nan Albannach. 'S e ceangal gu math làidir dìreach a th' ann an seo eadar fèin-aithne agus cànan, ach mar a chaidh a dhearbhadh le luchd-rannsachaidh eile iomadh uair, anns a' chumantas, chan eil an ceangal eadar fèin-aithne agus a' Ghàidhlig idir cho soilleir sin (Bechhofler & McCrone 2013; Dunmore 2016; Glaser 2006; 2007; MacCaluim 2007; McLeod & O'Rourke 2015, 158–164; Morgan 2000; Oliver 2005). 'S ann gu sònraichte trioblaideach a tha an fhèin-aithne 'Gàidheal', ach chun na h-ìre 's gu bheil a' Ghàidhlig ga tuigsinn fhathast mar 'chànan nan Gàidheal' ann an dòigheigin, 's e ceist chudromach a th' ann: cò th' anns na Gàidheil anns an aonamh linn air fhichead? An e fèin-aithne tur cànanach a th' ann (cf. MacLeod 2014; Morgan 1997), neo a bheil feartan eile a nì cuideigin na Gàidheal, agus dè a' bhuaidh a th' aig an tuigse seo air soirbheas an ath-bheothachaidh mar ghluasad sòisealta? Gu h-ìosal, dh'fhaighnich mi air an agallaiche, an do thuig i i fhèin mar Ghàidheal, agus chithear anns a freagairt cho ioma-fhillteach 's a tha fèin-aithne nan Gàidheal do chuid:

TCA: Do you ever think of yourself in terms... as a Gael in that way?

Agallaiche: Oh yes, yes, yes. I'm from the Gàidhealtachd, you know. To me a Gael... somebody being Gàidhealach doesn't necessarily have to have Gaelic.

TCA: Right yes.

Agallaiche: I know ... basically you're from the Highlands or the Western Isles, that kind of area. And having Gaelic definitely makes you more of a Gael but doesn't necessarily, you know you can be brought up ... I feel I'm a Gael but I don't feel I'm a native speaker, so do you see what I'm getting at?

Mhìnich an t-agallaiche ceangal amalach eadar fèin-aithne agus cànan anns an earrainn seo, agus leughar cuid dhe na duilgheadasan le fèin-aithne nan Gàidheal air an riochdachadh innte, ceistean mu dheidhinn cò tha taobh a-staigh agus cò tha taobh a-muigh na buidhne, agus cò an ròl a th' aig a' Ghàidhlig mar chomharra air 'a' Ghàidheal cheart' (faic cuideachd Glaser 2006, 174–5; Oliver 2005, 3–5). Fhad 's a thèid an t-ath-bheothachadh air adhart, fhad 's a chrionas meadhan saoghal na Gàidhlig, agus fhad 's a leudaicheas an t-iomall, bidh barrachd labhraichean na Gàidhlig a' fuireach taobh a-muigh na Gàidhealtachd, togaidh barrachd an cuid Gàidhlig ann an sgoiltean seach ann an dachaighean, gabhaidh barrachd labhraichean neo-thraidiseanta ris a' Ghàidhlig, agus thèid ùghdarrachd bhunasach na Gàidhlig nuaidh a chur an amharas mar sin, mar a mhìnich an t-agallaiche seo:

perhaps the crux of it really is that with Gaelic development, you are putting something fake in place of something authentic – we've no choice in that any longer.²

Tha beachdan mu ùghdarrachd agus mu nàdarrachd dlùth cheangailte ris a' cheist: dè th' ann an cànan beò? Chan eil freagairt na ceist seo idir dubh-is-geal. 'S ann tric a thuigear cànan beò mar chànan a tha ga labhairt ann an dòigh nàdarra le labhraichean ùghdarrach, ach tuigear am bun-bheachd 'ùghdarrach' ann an iomadh seagh eadar-dhealaichte le diofar

² Chithear beachd cosmhail ri seo, ach nas àicheile, ann am Macdonald (1997, 218), air iomradh ann am MacCaluim (2007, 87).

dhaoine. (Armstrong 2010; Coupland 2003; 2010; Eckert 2003; Woolard 2013) Mar aon eisimpleir inntinneach air an iomadachd bheachd a chluinnear air a' cheist, chuir an t-agallaiche a leanas an cèill gu bheil deagh bhàrdachd na comharradh air a' Ghàidhlig bheò:

Sorley MacLean was an enormous influence. ... I mean, once I understood the quality of the poetry, it gave me enormous heart, because any language in which great poetry is being produced is not dead, or anywhere near dead.

Tha e cumanta ann an saoghal na Gàidhlig gun toir daoine iomradh air neart nan ealainean Gàidhlig – ceòl neo litreachas – mar chomharradh air beothalachd a' chàinain. Do chuid eile, tha e gu sònraichte cudromach gu bheil a' Ghàidhlig ga bruidhinn anns an dachaigh, agus do mhòran, tha e buileach deatamach gu bheil a' Ghàidhlig fhathast ga cleachdadh mar mheadhan-conaltraidh gnàthasach na coimhearsnachd, ann an àiteigin anns na h-Eileanan co-dhiù, ma thuigear gu bheil i fhathast beò.³ Chan eil cànanaichean aontaichte air freagairt na ceiste seo nas motha. Mholadh Joshua Fishman gur e tar-chur eadar na ginealaichean anns an dachaigh agus anns a' choimhearsnachd an nì as cudromaich do bheothaileachd chàinain (Fishman 2001), agus ged a rinneadh am moladh seo mar stiùireadh prataigeach, bhiodh beachd ointeòlach ri a chùl: gur e an cànan a thèid aiseag eadar na ginealaichean anns an dachaigh agus anns a' choimhearsnachd an cànan a tha dha-rìribh beò. Ach tha cànanaichean eile ann nach eil idir cinnteach gu bheil tar-chur eadar na ginealaichean ciallach neo so-ruigsinn mar cheann-uidhe do dh'iomairt ath-bheothachaidh nuair a tha cànan beag ann am fìor dhroch chunnart (cf. Romaine 2006). Anns an obair aige le coimhearsnachdan-cànain bochda ann an Astràilia, mholadh Nicholas Thieberger:

Structural Linguistics has a particular view of the integrity of language which may be detrimental to the construction of appropriate language maintenance programs for small indigenous languages. [...] For languages with few or no speakers [...] the use of a small number of terms in the target languages, for purposes of identity, is a sufficient and realistic outcome (Thieberger 2002, 310).

³ Mar eisimpleir, ann an suirbhidh a rinneadh air luchd-ionnsachaidh Gàidhlig, dh'aontaich 67% dhen luchd-fhreagairt à Alba ris na faclan: "Gaelic can only be saved if Gaelic speaking communities continue to exist in the Islands." (MacCaluim 2006, 202–03)

Nan gabhadh coimhearsnachd thùsanach ri iomairt ath-bheothachaidh mar a mholadh Thieberger, dh'fheumadh iad tuigsinn gun robh an cànan aca fhathast ùghdarrach agus a' buntainn ri am fèin-aithne ann an seagh susbainteach, ach ann an riochd corra abairt agus fhacal, riochd a bhiodh mòran na bu chuingichte na seann chànan an sinnsirean agus mòran na bu lugha na cànan mòr 'slàn' coltach ris a' Bheurla (Thieberger 2002; faic cuideachd: Amery 2001; Collins 1998). Chan eil aon slat-thomhais chànanach neo-eisimeileach againn a dh'innseas dhuinn a bheil cànan beò neo marbh. Gu dearbh, tha cànanan ann a tha gan cleachdadh a h-uile latha ach a tha 'marbh' ann am beachd mòrain. Mar eisimpleir, bheil an Laideann beò? Ged nach eil i ga bruidhinn mar a' chiad chànan aig duine sam bith tuilleadh, tha i fhathast ga bruidhinn gu ìre mar chànan na h-eaglaise Caitligich (Kington 2012), ga h-ionnsachadh anns an sgoil, anns an oilthigh agus ann an cùrsaichean-bogaidh, agus ga cleachdadh mar mheadhan sgrìobhaidh chruthachail. Neo a bheil Eabhra dha-rìribh beò? Chaochail na daoine mu dheireadh a bhruidhinn Eabhra àrsaidh mar chànan màthaireil còrr is mìle bliadhna air ais, ach coltach ris an Laideann anns an eaglais Chaitligich, chaidh Eabhra a chumail na cleachdadh le Iùdhaich anns an teampall mar chànan leughte agus mar chànan ùrnaigh rè nan linntean, agus a-nis, an dèidh ath-bheothachaidh shoirbheachail aig toiseach na ficheadamh linne (Glinert 1991; Nahir 1998), bruidhnidh mu chòig millean duine Eabhra nuadh mar phrìomh chànan (Ethnologue 1998). Bhiodh Eabhra nuadh glè eadar-dhealaichte bho Eabhra àrsaidh, a thaobh structair, briathrachais agus fuaimneachaidh (Nahir 2003) — ann an seagh, 's e cànan ùr a chaidh a chruthachadh seach seann chànan a chaidh ath-bheothachadh — ach ma chreideas còig millean duine anns an latha an-diugh gu bheil iad fileanta ann an cànan d' an ainm Eabhra, ge b' e dè an coltas a th' oirre, a bheil iad ceàrr?

Mar sin, is fheàrr an tuigse gur e ceist phoilitigeach neo ideòlach a tha seo seach ceist chànanach (cf. McEwan-Fujita 2006; 2011, 54). Dè tha sinne mar labhraichean agus iomairtichean ag iarraidh bhon chànan againn (cf. MacLeòid 2006)? Ma thuigear cànan beò mar chànan a thèid giùlan eadar na ginealaichean, gu 'nàdarra', mas fhìor, ann an coimhearsnachdan-labhairt sgìreil, a rèir an tomhais sin, is dòcha gu bheil a' Ghàidhlig air 'bàsachadh' mar-thà, anns na seachdadan, nuair a bhris tar-chur cànan eadar na ginealaichean a' chiad uair am measg mòran teaghlaichean anns na h-Eileanan Siar. Ach ma thuigear cànan beò mar chànan a tha ga bhruidhinn aig gach aois; cànan a thèid a chleachdadh ann an raointean foirmeil agus mì-fhoirmeil; cànan a thèid a chleachdadh ann an dòigh chruthachail agus sìor-nuadh: tha a' Ghàidhlig beò fhathast, agus chan eil adhbhar foirmeil ann nach mair a' Ghàidhlig beò mar chànan lìonraidh anns an àm ri teachd anns a' chruth seo.

Ach tha e soilleir nach bi a' Ghàidhlig beò anns an aon dòigh 's a bha i beò anns na linntean a dh'fhalbh. Cha tèid a giùlan bho ghinealach gu ginealach ann an dòigh 'nàdarra', mas fhìor. Bidh taic a dhìth air a' Ghàidhlig ma mhaireas i beò mar chànan lionraidh, ge-tà. Bidh cuid dhen taic sin structarach gu cinnteach ach cuideachd, mholainn gum bi mòran dhen taic sin — an taic as cudromaich is dòcha — ideòlach. Air cho deatamach 's a tha taic structarach do bheothalachd na Gàidhlig, aig deireadh an latha, chan eil fuasgladh teacnocràtach ann do chruaidh-chàs na Gàidhlig. Gu bunasach, 's e iomairt ideòlach agus phoilitigeach a th' ann an ath-bheothachadh cànan. Togaidh ath-bheothachadh na Gàidhlig mòran cheistean doirbh ideòlach agus èiridh cuid dhe na ceistean as dorra bho thaobh a-staigh saoghal na Gàidhlig fhèin. Air an dàrna làimh, a thaobh làraichean-cleachdaidh, thathas a' stèidheachadh agus a' dìon suidheachaidhean ùra far am feumar a' Ghàidhlig a chleachdadh, ach togaidh an gnìomh seo an dùbhlán gun tuig cuid gu bheilear a' cruthachadh cainnt mhì-nàdarra agus fhuadain anns na làraichean ùra seo (faic cuideachd MacCaluim 2006, 87, 89), agus air an làimh eile, a thaobh fèin-aithne, thathas a' daingneachadh a' cheangail eadar fèin-aithne nan Gàidheal agus a' Ghàidhlig fhèin, ach togaidh an gnìomh seo an dùbhlán gun tuig cuid gu bheilear a' cruthachadh Ghàidheal neo-ùghdarrach, gun dualchas ceart Gàidhealach (faic cuideachd MacCaluim 2006, 94, 96). Ma mhaireas a' Ghàidhlig beò mar chànan lionraidh, feumar làraichean ùra a stèidheachadh far a bheil bruidhinn na Gàidhlig gnàthasach, làraichean a chuireas eagar agus neart ris an lìonradh. Agus gus labhraichean ùra fhighe a-steach dha na lìonraidhean seo, feumar fèin-aithne nan Gàidheal a shoilleireachadh às ùr cuideachd, fèin-aithne a bhios farsaing agus fosgailte. Ar leam gu bheil an dà ghnìomh seo riatanach ma shoirbhicheas leis an ath-bheothachadh, agus gu bheil na ceistean a thaobh fèin-aithne gu sònraichte teann, air adhbharan prataigeach agus air adhbharan moralta.

San fharsaingeachd, thèid daoine an sàs ann an gleidheadh agus leasachadh mion-chànain a chionn 's gu bheil e cudromach dam fèin-aithne (Edwards 2009, 245–47; faic cuideachd MacCaluim 2006, 84–85). Cha chreid mi gun tèid mion-chànan a ghleidheadh gun a bhith a' gabhail ri poileataics na fèin-aithne ann an dòigheigin, ach ma tha na poileataics sin bonntaichte gu daingeann air sinnsireachd, thathar a' cruthachadh ath-bheothachadh dùinte cumhang, agus bu dòcha, grain-chinnidheach. An canar ri clann-sgoile Àisianach, mar eisimpleir, a tha a' frithealadh foghlam tro mheadhan na Gàidhlig, a tha a' gabhail pàirt ann am Mòdan a' Chomuinn Ghàidhealaich agus ann am Fèisean nan Gàidheal, a tha bàidheil dhan Ghàidhlig agus ga bruidhinn gach latha, nach e Gàidheil chearta a th' annta a chionn 's nach buin an sinnsirean dhan Ghàidhealtachd? Aig toiseach na ficheadamh linne, thug na

Basgaich aghaidh air an aon dùbhlán, gun robh fèin-aithne nam Basgach ceangailte gu dlùth ri sinnsireachd neo ri cineal:

In the late 19th century, race or ancestry was considered to be the principal distinguishing characteristic of Basqueness. Since the 1950s however, an important sector of radical Basque activists has argued strenuously and with effect against a racial or biological definition of Basqueness, insisting that language is far more important in reproducing Basque identity (Urla 1988, 385).

Aig an àm, bha an comann Basgach ag atharrachadh gu luath, a' fàs na b' iomadaich, le mòran in-imrich bho àiteachan eile anns an Spàinn a' gluasad a-steach agus a' tàmh ann. Ag aithneachadh nan trioblaidean poilitigeach agus moralta an cois fèin-aithne cinealtaich, rinn iomairtichean strì ideòlach chum fèin-aithne nam Basgach fhosgladh dha na h-uile ann an Dùthaich nam Basgach agus an fhèin-aithne a cheangal na bu dlùithe ri comas-labhairt ann am Basgais seach ri feartan ginteil (Conversi 1990; Douglass 2002; Kasmir 2002; MacClancy 1993; Tejerina 1999; Urla 1988). Ma tha iomairtichean Gàidhlig an dòchas ri ath-bheothachadh a tha farsaing, fosgailte agus a' fàs, thathar an dùil gum faicear an aon obair ideòlach a' dol air adhart ann an iomairt na Gàidhlig, ach mar a chunnaic sinn gu h-àrd, tha e coltach gun èirich connspaid na cois. Chan e iongnadh a bhios ann ma thig put air ais bho thaobh a-muigh saoghal na Gàidhlig, neo fiù 's bhon taobh a-staigh. Anns an obair seo, thathar a' cur air adhart ideòlas ùr mu dheidhinn luach agus cleachdadh na Gàidhlig, ideòlas ùr a tha calg-dhìreach an aghaidh an ideòlais aon-chànanaich Bheurla a tha buadhach ann am Breatainn. Cuideachd, thathar a' cur air adhart bheachdan ùra mun cheangal eadar fèin-aithne nan Gàidheal agus cànan nan Gàidheal, beachdan a thogas ceistean doirbh mu ùghdarrachd anns an ath-bheothachadh. Chan e iongnadh a bhios ann mar sin gum bi an obair ideòlach seo connspaideach do chuid, fiù 's do chuid am measg labhraichean na Gàidhlig fhèin. Ach mar a sgrìobh Konstanze Glaser, 'the survival of Gaelic as an everyday medium of communication appears to depend on the extent to which the entire Gaelic community imagines itself as a product of self-conscious action' (Glaser 2006, 183), agus bidh an iomairt fhèin-mhothachail sin fiù 's nas deatamaich fhathast fhad 's a chaochlas a' Ghàidhlig gu cànan lionraidh air feadh na dùthcha anns na beagan bhliadhnaichean a tha romhainn.

Bu toil leis an ùghdair buidheachas a thoirt do dh'Iain Mac an Tàilleir agus Liz NicIlleathainn airson beachdachadh air dreach dhen aiste seo.

- Amery, Rob. 2001. 'Language planning and language revival', *Current Issues in Language Planning* 2.1&2, 141–221.
- Armstrong, Timothy C. 2010. 'Nàdarrachd agus ùghdarrachd ann an ideòlas-cànain an ath-bheothachaidh ann an Èirinn', ann am Moray Watson & Lindsay Milligan (deas.), *From Vestiges to the Very Day: New Voices in Celtic Studies*, Aberdeen, 91–98.
- Bechhofer, Frank agus McCrone, David. 2013 'What makes a Gael? Identity, language and ancestry in the Scottish Gàidhealtachd', *Identities: Global Studies in Culture and Power* 21.2, 113–133.
- Collins, James. 1998. 'Our ideologies and theirs', ann am Bambi B. Schieffelin, Kathryn A. Woolard & Paul V. Kroskrity (deas.), *Language Ideologies, Practice and Theory*, Oxford, 256–270.
- Conversi, Daniele. 1990. 'Language or race?: The choice of core values in the development of Catalan and Basque nationalisms', *Ethnic and Racial Studies* 13.1, 50–70.
- Coupland, Nikolas. 2003. 'Sociolinguistic authenticities', *Journal of Sociolinguistics* 7.3, 417–431.
- Coupland, Nikolas. 2010. 'The authentic speaker and the speech community', ann an Carmen Llamas agus Dominic Watt (deas.), *Language and Identities*, Dùn Èideann, 99–112.
- Douglass, William A. 2004. 'Sabino's sin; Racism and the founding of Basque nationalism', ann an Daniele Conversi (deas.), *Ethnonationalism in the Contemporary World: Walker Connor and the Study of Nationalism*, London, 95–112.
- Dunmore, Stuart S. 2016. 'Immersion education outcomes and the Gaelic community: identities and language ideologies among Gaelic medium-educated adults in Scotland', *Journal of Multilingual and Multicultural Development* DOI: 10.1080/01434632.2016.1249875
- Eckert, Penelope. 2003. 'Elephants in the room.' *Journal of Sociolinguistics* 7(3), 392–97.
- Edwards, John. 2009. *Language and Identity*. Cambridge.
- Ethnologue. 1998. *Hebrew*. [ethnologue.com/language/heb, faighte 17-7-2014].
- Fishman, Joshua A. 2001. 'From theory to practice (and vice versa): Review, reconsideration and reiteration', ann an Joshua A. Fishman (deas.), *Can Threatened Languages Be Saved?* Clevedon, 451–83.

- Glaser, Konstanze. 2006. 'Reimagining the Gaelic community: ethnicity, hybridity, politics and communication', ann an Wilson McLeod (deas), *Revitalising Gaelic in Scotland: Policy, Planning and Public Discourse*, Dùn Èideann, 169–84.
- Glaser, Konstanze. 2007. *Minority Languages and Cultural Diversity In Europe: Gaelic and Sorbian Perspectives*, Clevedon.
- Glinert, Lewis. 1991. 'The "back to the future" syndrome in language planning: The case of Modern Hebrew', ann an David F. Marshal (deas.), *Language Planning: Focusschrift in Honor of Joshua A. Fishman on the Occasion of his 65th Birthday*, Amsterdam, 215–43.
- Kasimir, Sharryn. 2002. "'More Basque than you!': Class, youth, and identity in an industrial Basque town', *Identities: Global Studies in Culture and Power* 9.1, 39–68.
- Kington, Tom. 2012, 31 an Lùnasdal. 'Pope Benedict to open new Latin academy in the Vatican', *The Guardian*, www.guardian.co.uk/world/2012/aug/31/pope-benedict-latin-academy.
- Mac an Tàilleir, Iain. 2014. *Cunntas-sluaigh na h-Alba 2011; Clàran mun Ghàidhlig*. Aithisg neo-fhoillsichte, cleachdte le cead an ùghdair.
- Mac an Tàilleir, Iain. 2010. '1901–2001: A' Ghàidhlig anns a' chunntas-shluaigh', ann an Gillian Munro & Iain Mac an Tàilleir (deas.), *Coimhearsnachd na Gàidhlig an-Diugh/Gaelic Communities Today*, Edinburgh, 19–34.
- MacCaluim, Alasdair. 2007. *Reversing Language Shift: The Social Identity and Role of Adult Learners of Scottish Gaelic*, Belfast.
- MacClancy, Jeremy. 1993. 'At Play with Identity in the Basque Arena', ann an Sharon MacDonald (deas.), *Inside European Identities: Ethnography in Western Europe*, Oxford, 84–97.
- MacKinnon, Kenneth. 2011. 'Runaway language shift: Gaelic usage in home, community and media in the Isle of Skye and Western Isles, 1986/8, 1994/5 and 2004/5 – any prospects for reversal?' ann an Richard A. V. Cox & Timothy Currie Armstrong (deas.), *A' Cleachdadh na Gàidhlig Slatan-tomhais ann an Dìon Cànan sa Choimhearsnachd*, Slèite, 201–226.
- MacLeod, Angus. 2014. 'Know your place – Gaelic and Elements of the Left', bellacaledonia.org.uk
- MacLeòid, Murchadh. 2006. "Chan fhaigh sinn bàs: Chan eil, chan eil, chan eil." *Scotland on Sunday* [12-3-2006].

- McEwan-Fujita, Emily. 2006. “‘Gaelic Doomed as Speakers Die Out’? The public discourse of Gaelic language death in Scotland.’ ann an Wilson McLeod (deas.), *Revitalising Gaelic in Scotland*, Dùn Èideann, 279–93.
- McEwan-Fujita, Emily. 2011. ‘Language revitalization discourses as metaculture: Gaelic in Scotland from the Eighteenth to Twentieth Centuries’, *Language & Communication* 31(1), 48–62.
- McLeod, Wilson, agus O’Rourke, Bernadette. 2015. “‘New speakers’ of Gaelic: perceptions of linguistic authenticity and appropriateness.’ *Applied Linguistics Review* 6.2, 151–172.
- Morgan, Peadar. 1997. ‘San Dol Seachad’, *Cothrom* 11, 9.
- Morgan, Peadar. 2000. ‘The Gael is dead; long live the Gaelic: The changing relationship between native and learner Gaelic users’, ann an Gordon McCoy & Maolcholaim Scott (deas.), *Aithne na nGael; Gaelic Identities*, Belfast, 126–32.
- Munro, Gillian, Mac an Tàilleir, Iain, agus Armstrong, Tim. 2011. *Cor na Gàidhlig ann an Siabost; Barail agus Comas Càinain ann an Siabost / The State of Gaelic in Shawbost; Language Attitudes and Abilities in Shawbost*. Inverness.
- Nahir, Moshe. 1998. ‘Micro language planning and the revival of Hebrew: A schematic framework’, *Language in Society* 27, 335–57.
- Nahir, Moshe. 2003. ‘Micro-corpus codification in the Hebrew Revival,’ *Digithum* 5, www.uoc.edu/humfil/articles/eng/nahir0303/nahir0303.html.
- Oliver, James. 2005. ‘Scottish Gaelic identities: Contexts and contingencies’, *Scottish Gaelic Affairs*, 51.
- Romaine, Suzanne. 2006. ‘Planning for the survival of linguistic diversity’, *Language Policy* 5, 441–73.
- Tejerina, Benjamín. 1999. ‘El poder de los símbolos: Identidad colectiva y movimiento etnolingüístico en el País Vasco’, *Revista Española de Investigaciones Sociológicas* 88, 75–105.
- Thieberger, Nicholas. 2002. ‘Extinction in whose terms? Which parts of a language constitute a target for language maintenance programs?’ ann an David Bradley & Maya Bradley (deas.), *Language Endangerment and Language Maintenance*, London, 310–28.
- Urla, Jacqueline. 1988. ‘Ethnic Protest and Social Planning: A Look at Basque Language Revival.’ *Cultural Anthropology* 3(4), 379–94.

- Walsh, John agus O'Rourke, Bernadette. 2014 'Becoming a new speaker of Irish: linguistic mudes throughout the life cycle.' *Digithum* 16, 67–74, journals.uoc.edu/index.php/digithum/article/view/n16-walsh-orourke.
- Walsh, Michael. 2005. 'Will Indigenous Languages Survive?' *Annual Review of Anthropology* 34, 293–315.
- Woolard, Kathryn A. 2013. 'Teleological Authenticity: Delaminating Ideologies of Authenticity and Sociolinguistic Naturalism.' Prìomh Òraid Co-labhairt British Association for Applied Linguistics, Oilthigh Heriot-Watt, Dùn Èideann, 6-9-2013.